as meaningless, useless, and perplexing. Any one can see that *eigin, eile, cuid, cach, iad so, cia b'e, cach a cheile, cia b'e air bith, &c., &c.*, are some of them adjectives, some nouns, some phrases, and some whole sentences, and there can be no reason or excuse for retaining them as pronouns.

The **Demonstrative Pronouns** are also done away with. The words usually so classified—*so, sin, sud*—are essentially nouns. Their most common use is as **Demonstrative Adjectives**: *An duine so; Am fear (s)ud; Na fir sin.*

When used with the Preposition they often form adverbial phrases: *Tha e an so. Chaidh e gu sin.* It is simpler and better always to *parse* these words as *Nouns*; but in the analysis they must take the phrase value of Adverb or Adjective as may be.

THE VERB.

The Gaelic Verb is, like the English Verb, declined for **Voice, Mood, Tense, Number, and Person.**

The Number and the Person is the same as that of the Nominative.

There are three **Principal Tenses**—**Present, Past, and Future.**

The **Moods** are—**Indicative, Negative, Subjunctive, Imperative, and Infinitive.**

ACTIVE VOICE.

Paisg, fold.

Indicative or Affirmative Mood.

Past. Phaisg mi, thu, e; sinn, sibh, iad, I . . . folded.

Future. Paisgidh mi, thu, e; sinn, sibh, iad, I . . . shall or will fold.

Negative or Interrogative Mood.

Past. Nach Do phaisg mi, thu, e, &c., Did not I fold?

Future. Nach Paisg mi, thu, e, &c., Shall or will not I fold?

Phaisg mi

Subjunctive Mood.

Past. Phaisg-inn, -each tu, e ; &c., *I might, could, or would fold.*

Future. Ma Phaisg-eas mi, tu, e ; &c. *If I shall or will fold.*

* * *Nam* gives another value to the past tense. *Nam Paisginn, If I were to fold,* is the purely Conditional form.

Imperative.

Paisgeam, *Let me fold.*

Paisg, *Fold thou.*

Paisgeadh e, *Let him fold.*

Infinitive.

A Pasgadh, *Folding ; to fold.*

^

PASSIVE VOICE.

Indicative.

Past. Phaisgeadh mi, thu, &c., *I was folded.*

Future. Paisgear mi, thu, &c., *I shall or will be folded.*

Negative or Interrogative.

Past. Cha do Phaisgeadh mi, thu, &c., *I was not folded.*

Future. Am Paisgear mi, thu, &c., *Shall I be folded.*

Subjunctive.

Past. Phaisgteadh mi, thu, &c., *I could or would be folded.*

Future. Ma Phaisgear mi, thu, &c., *If I shall be folded.*

Imperative.

Past. Paisgtear mi, thu, &c., *Let me be folded.*

Participle.

Paisgte, *folded.*

There is no form for the Present Tense in Gaelic ; the Future form is often used instead, thus, *Chi mi thu, I see you,* really means *I shall see you.* The present is expressed by the verb "to be" with the Infinitive, thus, *Tha mi (ag) tighinn, I am coming ; Tha mi 'falbh, I am going, &c.* All the tenses of the verb may be formed in the same way.

THE PREPOSITION.

The following is a complete list of the Gaelic Prepositions :—

Aig, <i>at.</i>	Iar, <i>after.</i>
Air, <i>on.</i>	Le, leis, <i>with, by.</i>
Ann, <i>in.</i>	Mar, <i>like to.</i>
As or a, <i>out of.</i>	Mu, <i>about.</i>
De, <i>out of.</i>	O, <i>from.</i>
Do, <i>towards.</i>	Os, <i>above.</i>
Eadar, <i>between.</i>	Ris or Ri, <i>to.</i>
Fa, <i>upon.</i>	Roimh, <i>before.</i>
Fo, <i>under.</i>	Tar, thar, <i>over.</i>
Gu or gus, <i>towards.</i>	Tre, troimh, <i>through.</i>
Gun, <i>without.</i>	Seach, <i>past (comparison).</i>

* * I have purposely said nothing about the so-called **Compound Prepositions**. There is no just reason at all for retaining them; they are all *Nouns with Prepositions*, and should be treated as such.

Prepositions, as we saw, stand *before* Nouns, distinct and separate; but when a Preposition comes before a Personal Pronoun, they run together and form one word, as *de mi*, *of me*, becomes *dhiom*; *as tu*, *from you*, becomes *asad*, &c. The following gives the **Prepositional Pronouns**, as these forms are called :—

	<i>Singular.</i>			
	<i>mi.</i>	<i>tu.</i>	<i>e.</i>	<i>i.</i>
<i>Aig,</i>	Agam,	Agad,	Aige,	Aice.
<i>Air,</i>	Orm,	Ort,	Air,	Oirre.
<i>De,</i>	Dhiom,	Dhiot,	Dhe,	Dhi.
<i>Do,</i>	Dho,	Dhut,	Dha,	Dhi.

Plural.

	<i>sinn.</i>	<i>sibh.</i>	<i>iad. (M. & F.)</i>
<i>Aig,</i>	Againn,	Agaibh,	Aca.
<i>Air,</i>	Oirnn,	Oirbh,	Orra.
<i>De,</i>	Dhinn,	Dhibh,	Dhiubh.
<i>Do,</i>	Dhuinn,	Dhuibh,	Dhoibh.

And so on with other Prepositions.

It is worth paying some attention to these, for not only does a knowledge of them—not necessarily by rote—make the grammatical construction of sentences much easier to understand, but also because in them we find interesting relics of the older and less perverted language, which we cannot wisely neglect. In the spoken language we, for example, constantly confound *do* and *de*. Greim *do'n* aran, for *a bite of bread*, and earran *do'n* t-sluagh, for *a portion of the people*, are wrong. It should be *de'n* aran, *de'n* t-sluagh. We have only to look at their pronominal combinations to see at once how different these prepositions are.

Again, we look on *bhuam* as the proper form, and we write *'uam*, as if the word were defective. But if we know that *o* and *ua* are the correct form of the preposition, *bhuam* = *bho mi* (instead of = *ua mi* = *uam*), is wrong. Thus one of our too many *dots* goes. *Cead gun leth*, again, is not sense. Literally it means, a hundred *without* half; whereas the proposed value of the phrase is, a hundred and a half (hundred). If we know that *gu* equals *Lat.*, *con*, *with*, then *Cead gu leth* is sense—a hundred *with* half, or *to* half, in modern value.

TEXT.

A GHLINN UD SHIOS,

By Dr M'LACHLAN, Rahoy.

A ghlinn ud shios, a ghlinn ud shios,
Gur trom an diugh mo shuil,
A' dearcadh air do lagain aigh
4 Mar b' abhaist doibh o thùs.

Tha do choilltean fathasd dosrach, ard,
'S gach sithein aillidh, nain' ;
'S fuaim an lùb-nillt nuas o d' fhuith'
8 'N a shuain-cheol sìth am chluais.

Tha 'n spréidh ag ionaltradh air do mliagh,
Na caoraich air an raon :
Tha 'churra 'g iasgach air do thraigh,
12 'S an fhaoilean air a' chaol.

Analysis.

1. The whole line is vocative, and has no governing value.
2. Gur (is) trom mo shuil an diugh.
3. The whole line is adjective phrase to *mo shuil*.
4. This line is adjective clause to *lagain*.
7. The whole line is Subject enlarged.

Parsing.

3. *Aigh* is a noun genitive of adjective value.
4. The verb governs the acc. *abhaist* with the dat. *doibh*.
8. Note the idiom, lit. *in its sleep-music of peace*.
12. *A'* is the article, not the possessive *a = do*.

- Tha guth na cuthaig air do stùchd,
 An smùdan air do gheig,
 Os ceann do lòn tha 'n uiseag ghrinn
 16 Ri ceileir binn san speur.

- Tha suaimhneas anns gach luib fo bhlàth,
 Baigh air gach creig 'us cluain,
 'Toirt am chuimhne mar a bha
 20 'S na laithean 'tharladh uainn.

- Fuaim do chaochain, fead na gaoith',
 'Us luasgan ard nan geug,
 'G ath-nuadhachadh le comhradh tlàth
 24 Nan laithean aigh a threig.

Analysis.

15. Tha 'n uiseag ghrinn ri ceileir binn san speur
 os ceann do lòn.
 17. *Fo bhlath* is adj. phrase qual. *luib*.
 19. *Mar a bha*, &c., is the object of *toirt*.
 20. *'Tharladh uainn* is adj. clause to *laithean*.
 24. *A threig* is adj. clause to *laithean*.

Parsing.

15. *Os ceann* is a Comp. prep., properly a prep.
 and a noun governing *lòn* in the genitive.
 18. The nom. to *toirt* is the fact in the previous two
 lines.
 24. *Aigh* is a noun genitive, here equal to an adjective.
A threig is adj. clause qual. *laithean*.

Ach chi mi d'fhardaich air dol sìos,
 'N an laraich', fhalamh, fhuar ;
 Cha-n fhaic fear-siubhail, far nan stùchd
 28 Na smùidean 'g eiridh suas.

Do gharadh fiadhaich air dol fàs
 Gun neach g'a chur air seol
 Le fliodh 'us foghnain ann a' fas,
 32 'S an fheanntag 'n aite 'n ròis.

O ! c'ait' am bheil gach caraid gaoil
 'Bu chaomh leam air do learg
 A chuireadh failtean orm a' teachd,
 36 'Us beannachd leam a' falbh ?

Analysis.

25. *Air dol sìos* is Enl. of Obj.
 26. Whole line is Enl. of Obj. *d'fhardaich*.
 27. *Far nan stùchd* is adverbial phrase Ext. of *faic*.
 29. *Tha do gharadh gun neach g'a chur air seol fiadhaich*, &c. *Fiadhaich* is the completion of the Pred., not Enl. of Subj.
 31. This and next line are Enl. of Subject, *garadh*.
 33. The principal clause. The next three lines are each adjectives qualifying *gach caraid*.

Parsing.

25. *Dol* is the Infinitive of the verb=a noun, gov. by *air*. *'Sìos* is a noun, gov. by *ann*=an adverb, *adown*.
Chi, the future, used in a present sense.
 26. Note idiom, *in their ruins empty cold*.
 28. *Suas* (see *sìos*, 25).
 29. *Fas*, a Noun, gov. by *ann*=an Adverb.
 32. The first *'n aite*, is a Prep., the second *'n ròis*, the Article.

- Tha 'chuid a's mò dhiubh anns an uir,
 'S an t-iarmad fada bhuainn,
 Dh' fhàg mis' am aonaran an so,
 40 Nam choigreach nochdta, truagh.
- Nam choigreach nochdta, truagh, gun taic',
 'S an aiceid ann am chliabh,—
 'N aiceid chlaoidhteach sin nach caisg—
 44 'G am shlaid a chum mo chrìch.
- 'G am shlaid a chum mo chrìch le bròn ;
 Ach thugam gloir do 'n Tì,
 Cha tug e dhomhsa ach mo choir ;
 48 Rì 'ordugh bitheam strìochdt'.

Analysis.

37. A's mo, *which is greater*, is an adj. clause to *chuid*.
39. The facts stated in the preceding lines, 37, 38, *that left me, &c.*, so the subject to Dh' fhàg is *a*, the relative *that*, &c., standing for these lines.
40. Whole line is Enl. of Object *mise*, and 41 is same.
42. Tha 'n aiceid, &c.
43. The whole line is adj. to *aiceid*; *nach caisg* is adj. clause.

Parsing.

37. *A* nom. to *is*; *mo*, see Grammar, Adjectives; *dhiubh*=*de sibh*.
38. *Bhuainn*=*bho sinn*, *from us*; *am*=*ann mo*=*ann am*=*am*.
43. *Nach caisg*, *that will not stop*; *nach*=*that . . . not* a negative relative.
44. A *chum*, *towards*; but *chum* is a noun gov. by *a*=*do* in the dat.; *chum* governs *mo chrìch* in the genitive.
48. *Rì*, *to* or *towards*; compare 16, *rì ceilleir*, and 56.

Tha lòchran dealrach, dait', nan speur
 Air teirneadh sìos do 'n chuan,
 'Us tonnan uain' na h-airde 'n iar
 52 Ag iadhadh air mun cuairt.

Sgaoil an oidhch' a cleòc' mun cuairt,
 Cha chluinn mi fuaim sa ghleann ;
 Ach an ceardabhban, le siubhal fiar,
 56 Ri ceol a's tiamhaidh srann.

A ghlinn ud shìos, a ghlinn ud shìos,
 A ghlinn a's ciataich' dreach,
 A' tionndadh uait 'dhol thar do shliabh
 60 Mo bheannachd sìorruidh leat !

Analysis.

56. *A's tiamhaidh srann* is adjective to *ceol*.
 58. *A's ciataich' dreach* is adjective to *ghlinn*.
 59. Whole line is Encl. of Subject.
 60. *Thu* is understood.

Parsing.

52. Air=*air e*, a Prep. Pronoun; mun cuairt=*around*, an adv. phrase, but really *cuairt* is a Noun, gov. by *mu*.
 53. A, *her*, is the Poss. Pronoun; a, *which*, 56, is relative.
 57. Ud, *you*, is Demonstrative Adjective; *shìos* is an adjective here, qual. *ghlinn*.
 59. The *a'* here is the Verbal Particle *ag tionndadh*.
 60. Leat=*le thu*, *with you*.

VOCABULARY I.

NOUNS.

Abhaist, custom, habit.	Cluas, the ear.
Agh, joy, happiness, prosperity.	Coigreach, a stranger.
Aiceid, pain, disease.	Còir, just portion, right, equity.
Airde'n iar, the West.	Coille, a wood, forest.
Allt, a mountain stream.	Comhradh, conversation, voice.
Baigh, benignity or great kindness.	Creag, a rock.
Beannachd, a blessing, <i>farewell</i> .	Crioch, the limit, the end.
Blàth (fo), under blossom, in bloom.	Cuan, the ocean.
Bròn, sorrow, sadness, grief.	Cuid, some, a part.
Caochan, a streamlet, a "burnie."	Cuimhne, memory.
Caol, a sound, frith, a narrow.	Cuthag, the cuckoo.
Caora, a sheep.	Curra, a heron.
Caraid, a friend, a relative.	Dreach, appearance, scenery, beauty.
Ceardabhan = ceard-dubhan, a beetle.	Failte, a welcome.
Ceilleir, bird - singing, music.	Faoilean, a sea-gull.
Ceol, music, melody or harmony.	Fardach, a dwelling-place, house.
Cleoca, cloak, mantle, covering.	Fead, a whistle or whistling.
Cliabh, the chest, the breast.	Feanntag, the nettle.
Cluainn, a pasture, meadow, lawn.	Fliodh, chickweed.
	Foghnán, the thistle.
	Frìth, a forest.
	Fuaim, sound.
	Fear-siubhail, a traveller.
	Lagan, a little hollow (lag, <i>dim</i>).
	Larach, the site of a house, a ruin.
	Latha, a day.

Learg, a sloping green hill-side.	Siubhal, travel, a journey.
Lochran, a lamp or torch = the sun.	Sliabh, a mountain.
Lòn, meadow, a marsh.	Smùdan, the ring-dove or wood-pigeon.
Luasgan, restless rustling, swinging.	Smùid, smoke.
Lùb, a bend, a winding meadow by a river bank.	Speur, the sky.
Magh, a field, level country.	Sprèidh, cattle.
Neach, a person, any person.	Srann, a humming sound, buzz.
Iarmad, the remnant, what remains.	Stùchd, a cliff or pinnacle.
Oidhche, night.	Suain, a sleep, a deep sleep.
Ordugh, order, command, behest.	Suaimhneas, repose, calm, peace.
Raon, a green field or plain.	Suil, the eye.
Ròs, a rose.	Taic, support, help.
Sìth, peace, quiet.	Ti, <u>THE</u> person, God.
Sìthein, a knoll, a fairy hill.	Tonn, a wave, billow.
	Traigh, the shore.
	Tùs, the beginning, time of old, (o) in the times past.
	Uir, the dust, earth, the grave.

ADJECTIVES.

Aillidh, beautiful, exquisite, &c., &c.	Daite (lit. coloured), bright.
Ard, lofty, high.	Dealrach, shining, effulgent.
Binn, melodious, sweet.	Dosrach, branchy, bushy.
Caomh, kind, gentle, beloved, mild.	Falamh, empty, vacant, desolate.
Ciatach, graceful, grand, comely, elegant.	Fiadhaich, wild, tempestuous.
Claoidhreach, exhausting, oppressive.	

Fuar, cold, bare, uninviting.	Siorruidh, eternal, lasting.
Fiar, aslant, crooked, "sinuous and corkscrew fashion" (Dickens).	Tiamhaidh, solitary, melancholy, sad, awe-inspiring.
Gach, each, every.	Tlath, smooth, soft, tender, gentle.
Grinn, neat, pretty, clean, gentle.	Trom, heavy.
Nochda, exposed, naked.	Truagh, wretched, miserable, unhappy.
Mor, great, large.	Uaine, green, grassy.
Sin, that . . . there.	Ud, that . . . yonder.

VERBS, IN THE ORDER IN WHICH THEY OCCUR IN THE TEXT.

<i>Imperfective.</i>	<i>Past.</i>	<i>Future.</i>	<i>Infinitive.</i>
Bi	Bha	Bithidh (bidh)	A bhi
Dearc	Dhearc	Dearcaidh	A' dearcadh
Ionaltair	Dh'ionaltair	Ionaltraidh	Ag ionaltradh
Iasgaich	Dh'iasgaich	Iasgaich	Ag iasgach
Thoir (Tabhair)	Thug	Bheir	A' toirt (tabhairt)
Tarlaidh	Tharlaidh	Tarlaidh	A' tarladh
Nuadhaich	Nuadhaich	Nuadhaichidh	A' nuadhachadh
Treig	Threig	Treigidh	A' treigsinn
Faic	Chunnaic	Chi	A' faicinn
Rach	Chaidh	Theid	A' dol
Siubhail	Siubhail	Siubhlaidh	A' siubhal
Eirich	Dh'eirich	Eiridh	Ag eiridh
Cuir	Chuir	Cuiridh	A' cur
Fas	Dh'fhas	Fasaidh	A' fas
Fag	Dh'fhag	Fagaidh	A' fagail
Slad	Shlaid	Sladaidh	A' slaid(a)dh
Teirinn	Thoirinn	Teirnidh	A' teirmeadh
Iadh	Dh'iadh	Iadhadh	Ag iadhadh
Sgaoil	Sgaoil	Sgaoilidh	A' sgaoileadh
Chuin	Chuala	Chuinidh	A' chuintinn
Tionndaidh	Thionndaidh	Tionndaidhidh	Ag tionndadh
			To look
			To graze
			To fish
			To give
			To depart
			To renew
			To forsake
			To see
			To go
			To travel
			To rise
			To put
			To grow
			To leave
			To rob
			To descend
			To close on
			To spread
			To hear
			To turn

DO'N CHUTHAIG.

Failt' ort fein, a chuthag ghorm,
 Le d' oran ceolmhor, milis ;
 'S e seirm do bheoil sa Cheitein og
 4 A thogadh bròn o m' chridhe.

'S ro bhinn leam d' fhuaim sa mhaduinn Chéit',
 'S tu air barr géig san innis,
 No 'm feasgar ciuin aig bun nan stùchd
 8 'N uair bhiodh an druchd a' sileadh.

O ! innis e' ait' an robh do thriall
 'Nuair bha na siantan fionnar ;
 Nan robh thu'd thosd gun chàil, gun toirt,
 12 'An còs a' chnuic fo dhubhar ?

'S mor m' fharmaid riut, a chuthag chaomh,
 Cha dean thu bròn ad shiubhal ;
 'Chionn tha do dhoire daonnan gorm,
 16 'S do chridhe daonnan subhach.

Ged theicheas tu roimh'n fhuachd air àm
 Gu-m faic do ghleann thu rithis ;
 Ach 'n uair bheir mise ris mo chul
 20 Cha bhi mo dhùil ri tilleadh.

'S truagh nach b' urrainn domh leat triall
 Air astar sgeith 'n ar dithis,
 Le caismeachd bhinn 'toirt fios gach àm
 24 'N uair bhiodh an Samhradh 'tighinn.

VOCABULARY II.

NOUNS.

Am, time ; air am, <i>for a time.</i>	Failte, a welcome, a greeting.
Astar, distance, travel.	Farmad, envy.
Bar, the top, tip.	Feasgar, the evening.
Beul, mouth.	Fios, tidings, information.
Bun, root, foundation, foot (of a hill).	Fuachd, cold.
Càil, inclination, taste, disposition.	Geug, a branch.
Caismeachd, warning.	Gleann, a glen.
An Ceitein, the May.	Innis, a sheltered valley, a dell.
Còs, a hollow.	Maduinn, the morning.
Cnoc, a hillock.	Oran, a song.
Cridhe, the heart.	Samhradh, summer.
Cùl, the back.	Seirm, a song, a singing.
Doire, a grove, a clump of trees.	Sgiath, a wing.
Drùchd, the dew, "Scotch mist."	Siantan, the elements.
Dubhar, shade, darkness.	Toirt, strength, vigour.
Duil, hope, expectation.	Tosd, quiet, at rest, inactive.
	Triall, travel.
	Uair, an hour ; An uair, <i>the time.</i>
	Urrain, possibility.

ADJECTIVES, &c.

Ceolmhor, full of song, melodious.	Milis, sweet.
Ciuin, calm, mild, gentle.	Og, young.
Fionnar, cool, cold.	Subhach, merry.
Gorm, blue, <i>bluish-grey</i> , green.	Daonan, <i>adv.</i> , always.
	'Rithist, <i>adv.</i> , again.

VERBS.

Dean, rinn, ni, a'deanamh, <i>to do.</i>	Tog, thog, togaidh, a' togail, <i>to lift, to raise.</i>
Innis, dh'innis, innsidh, ag innseadh, <i>to tell.</i>	Thig, thainig, thig, a' tighinn, <i>to come.</i>
Sil, shil, silidh, a' sileadh, <i>to rain, to drop.</i>	Till, thill, tillidh, a' tilleadh, <i>to return.</i>
Teich, theich, teichidh, a' teicheadh, <i>to run away.</i>	

ORAN.

Tha na siantan air caochladh, tha 'n saoghal fo
 sprochd,
 Chuir an doineann fhuar, fhiadhaich an ianlaidh
 nan tosd ;
 Tha sneachda trom, domhail a' comhdach nam
 beann,
 A' lionadh nan glacan, 's a' tacadh nan allt,
 'S mise 'feitheamh an aisig aig carraig a' chaoil,
 6 Ri smaointean air abhachd nan laithean a dh' aom.

Ann an laithean ar n-oige dol an comhail an
 t-sluaigh,
 Cha sheall sinn ach faoin air mar dh' aomas iad
 uainn ;
 Cha tig e 'n ar smaointinn cho goirid 's tha 'n dàil,
 Gus am brùchd gach leòn oirnn 'g ar lùbadh gu lar,
 Gun churam, gun eislein aig teumadh air taobh,
 12 Ar laithean a' snàg uainn gun aireamh air aon.

- 1 *The elements are changed ; the world is under gloom.*
 Doinean, the storm ; ianlaidh, the bird-kind, the
 birds.
Waiting the ferry at the rock of the Sound (of Mull).
- 7 *An comhail an t-sluaigh, in the gathering of the people.*
We look but lightly on how they slip away from us.
 Cho goirid 's tha 'n dàil, *how short is the time (delay).*
Till every ill (lit. wound) crowd on us.
 Aig teumadh air taobh, *at going aside (inclining to*
wrong.)
 Snàg, *creeping ; gun aireamh air aon, not one (day),*
to be found (reckoned).

'N uair a luidheas an aois oirnn 's a dh' aognas ar
 snuagh,
 Ar ciabh 'dol an tainead, agus smal air ar gruaidh,
 Bidh teugmhail nan comhlain a' comhradh gu
 truagh,
 Agus cairdean ar n-oige air somhladh san uaigh,
 'S ann an sin bhios ar cridhe làn mulaid 'us gaoid,
 18 Ri smaointean air abhachd nan laithean a dh' aom.

O! Ard-Rìgh na cruinne, ceann-uighe ar dùil,
 Air an t-sneachda fhliuch, fhionnar dhuit a lùbas
 mi glun ;
 'S guidheam gun orduich thu dhomhsa gu glic.
 'Bhi 'cuimhneachadh d'orduigh'n gu h-umhal 's gu
 tric,
 Chum 'n uair chrìochnaicheas m' astar ann an
 glacaibh an aoig,
 24 Nach cuimhnich thu m' fhàilinn anns na laithean
 a dh' aom.

13 A dh' aognas ar snuadh, *when our bloom (comeli-
 ness) fades.*
 Bidh teugmhail nan comhlain, *diseases, pains, lit.
 in groups.* The expression is somewhat
 obscure, but this is the meaning that best
 accords with the context.
 Air somhladh, *got fewer (thinned)*; mulaid 'us gaoid,
sorrow and disease.

19 Cruine, *of this (round) earth ; chief end of our hope.*
 'N uair chrìochnaicheas, &c., *when my journey ends
 in the arms of death.*
*That you will not remember (i.e., forgive) my weak-
 ness (shortcoming) in the days that are gone.*

READING EXERCISES.

The following and indeed every Exercise throughout the book should be constantly used for translation into English, and for practice in Parsing and Analysis. While *exact* translation of the Gaelic idiom is a good training and desirable as an exercise, it should never be omitted to contrast with it the correct way of expressing the same thing in English.

I.

The locality is Tobermory and the Sound of Mull.

Air pilleadh dhomh air m'ais o I Chaluim Chille, thainig sinn, air an aon fheasgar shamhraidh a b'aillidh a chunnaic mi riamh, do àite tearuinte fàsach, a tha ann an ceann mu thuath an eilein Mhuilich. Ar lean nach faca mi caladh luingeis idir a tha air a dhion o eirigh fairge agus o chumhachd stoirme mar tha e. Tha eilean fada caol 'g a chuirteachadh air an taobh a muigh, a' sgaoileadh a sgiathan gu cairdeil mun cuairt air gach soitheach beag agus long a tha 'g iarraidh fàsach na thaice o dhruim a' chuain, no tha feitheamh ri sìde mara gus an rudha-mor a ghabhail. Air an laimh dheis mar chaidh sinn a stigh, tha 'm fearann ag eirigh gu corrach, cas. Bha sinn a' seoladh ri bile nan creag, agus bha geugan nau craobh a' lùbadh dluth dhuinn. Thainig faileadh a' bharraich oirnn air oiteig an t-samhraidh, agus bha mìle eun beag le'n ceilearadh binn a' seinn air gach preas, a' cur failte oirnn 'n uair a bha sinn a' seoladh seachad orra gu reidh, sàmhach. Cha robh taobh a thionndaidhinn mo shùil nach robh 'n sealladh taitneach. Bha na beanntan arda Morchuanach, 's iad uaine gu'm mullach; Suaineart le 'chnocan 's le 'thulaichean boidheach, 's an Leathar-Mhorthairneach a' deanamh gairdeachais ann am blaths an fheasgair shamhraidh.

II.

An uair a dhluthaich sinn a stigh, cha robh r'a fhaicinn ach croinn nan luingeas, am brataichean a' snamh gu fann ris an t-soirbheas; 's cha robh r'a chluinntinn ach farum ramh, 's torman nan allt agus nan eas, a bha tuiteam o iomadh sgairneach ard do'n chaladh a bha nis a' fosgladh gu farsuinn romhainn. O thaobh gu taobh de'n traigh air an dara laimh, tha sràid de thighean mora cho geal ris an t-sneachd; 's gu grad air an cul tha uchdach chorrach chas, far am bheil an calltuinn, an caorann, agus an t-uinseann a' fas gu dosrach, cho dluth, dìreach os cionn nan tighean a tha fòpa, 's gu bheil an gengan, ar leat, a' lùbadh m'am mullach. Air braigh a' bhruthaich chi thu a' chuid eile de'n bhaile eadar thu 's faire, ionnus gur duilich dhuit àite 's boidhche agus a's neo-chumanta fhaicinn. Ach 's ann a mach sa chaladh a bha 'n sealladh a b'fhiach fhaicinn—na ficheadan soitheach eadar mhor agus bheag, iomadh eithear caol le'n raimh uaine, a' bhirlinn riomhach le 'siuil gheala, 's an long-chogaidh le 'croinn arda, 's le 'brataich rioghail.

Norman Macleod, D.D.

III.

Describing an entertainment given in honour of the "Teachdaire," as *old Norman Macleod* was called, from the name of the Gaelic magazine which he edited.

Labhair Ceann-suidhe na cuideachd an sin gu socrach reidh. So, ars' esan, a dhaoin' uaisle, deoch slainte nach diult sibh. Labhair e 'n sin gu fonnmhor suidhichte m'an Ghaeltachd, mu ar monaidhean farsuinn, agus ar srathan seasgair. Mhol e na Gaeil, agus gach ni a bhuineadh dhoibh: cha robh monadh no srath, no coille no doire, no caol no eilean nach do mhol e. Labhair e mu ar beanntaibh arda, agus mu

ar glinn iosail; mu gharthaich ar cuanta mora, agus mu bhoichead ar lochain shamhach fhior-uisge. Mhol e gach creag agus garbhlach, agus am badan ceo a dh'iathas m'an timchioll. Thug e iomradh air ar n-orain, agus air ar ceol, ar saighdeirean agus ar cinnfheadhna; agus ma's e nuallan na pioba-moire, cha do dhi-chuimhnich an duin' eireachdail! Las mo chridhe le aoibhneas. Dh'fhiosraich mi m'fheoil ag eiridh air mo chnamhaibh. So, ars' esan, *Tìr nam Beunn, nan Gleann, 's nam Breucan!*

IV.

Thòisich mo charaid an *Teachdaire*—ach ma thòisich es bhuail iadsan. Chrom e 'cheann. Nach narach e, 'arsa mise ri Coinneach? An e sin do bharail, arsa Coinneach? Tha e cho moiteil air a' cheart àm ri aon bhean-bainnse a sheas riamh an lathair ministèir. Leig thusa leis; thig e as a' phaiseanaich naire ud a thiota—agus mar thubhairt b'fhior. Thòisich e gu malda narach—cò ach esan? Cha leaghadh an t-àm na bheul. Cha-n 'eil fios agam, a dhaoin' uaisle, a deir e, ciod is urra dhomh a rabd—. Thug e tuisleadh no dhà, mar dheanadb each crubach 's an dol a mach ach mar ghabh e teas, agus mar chaidh e fo shiubhal, chuir e dheth gu 'h-innich. C'àite nis a' bheil an naire, arsa Coinneach Ruadh? Nach d'thubhairt mi riut? Sud e an impis sgaineadh le moit. Labhair e gu maith, agus gu ro-mhaith. Thug e dhoibh eachdraidh na Gaeldachd o laithibh Fhinn mhic-Cumhaill. Labhair e mu sgoilibh agus mu eaglaisibh, mu dhaoin' a rinn maith d'ar duthaich anns na linntibh a dh'fhalbh, agus anns an àm a tha lathair. Labhair e mu thogradh nan Gael gu foghlum fhao-tainn, agus mu iomad nì nach urrainn domh a chur sios.

Lachlan M'Lean.



